

Cailleach Beinn a' Bhric ho rò

Òran mu dheidhinn cailleach-shithe bh' air Beinn a' Bhric.

Cailleach Beinn a' Bhric ho rò
Bhric ho rò, bhric ho rò
Cailleach Beinn a' Bhric ho rò
Cailleach mhòr nam fuar-bheann àrd.

Shiùbhladh i bho ghleann gu gleann
Bho ghleann gu gleann, bho ghleann gu gleann
Shiùbhladh i bho ghleann gu gleann
Dh'fheuchainn cò an gleann a b' fheàrr.

Cailleach Beinn a' Bhric ho rò
Bhric ho rò, bhric ho rò
Cailleach Beinn a' Bhric ho rò
Cailleach mhòr nam fuar-bheann àrd.

B' annsa leam a' bhiolair uain'
A' bhiolair uain, a' bhiolair uain'
B' annsa leam a' bhiolair uain'
Bhiodh air bruach nam fuar-bheann àrd.

Cailleach Beinn a' Bhric ho rò
Bhric ho rò, bhric ho rò
Cailleach Beinn a' Bhric ho rò
Cailleach mhòr nam fuar-bheann àrd.

